

## Tobermory

Capercaillie

Bheir mi sgrìob do Thobar Mhoire  
Far a bheil mo ghaol an comann.  
E o hi urabho o hi u  
E o hao ri ri  
E o hao ri sna bho hu o  
E o hi urabho o hi u.

Far a bheil mo ghaol an comann  
Luchd nan leadan 's nan cul donna.  
Luchd nan leadan 's nan cul donna,  
Dh'oladh am fion dearg na thonnann.  
E o hi urabho o hi u, etc.

Bheir mi sgrìob dhan Lochaidh luachrach,  
Far a bheil mo ghaol an t-uasal.  
E o hi urabho o hi u, etc.

Far a bheil mo ghaol an t-uasal,  
Gheibhinn cadal leat gun chluasag.  
E o hi urabho o hi u, etc.  
Gheibhinn cadal leat gun chluasag,  
'S cul mo chinn am bac do ghuala.

E o hi urabho o hi u  
E o hao ri ri  
E o hao ri sna bho hu o  
E o hi urabho o hi u.